

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 463. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 159 corresponds to Litir 463.

Dh’fhàg sinn “An Nighean a Reiceadh” anns an Litir mu dheireadh, agus an tuathanach a’ leughadh na litreach a bha i a’ toirt gu bràthair an duine a cheannaich i. Bha am bràthair a’ fuireach ann an Dùn Èideann. Bha am fear a cheannaich i air gealltainn dhi gum faigheadh i oideachadh sgoile agus an uair sin gum pòsadh e i. Ach dè bha anns an litir ann an dha-rìreabh? Leugh an tuathanach an litir: “On a dh’fhàilnich ormsa cur às don chaileig seo, nuair a ruigeas i thu, croch i,” leugh e.

Bha an t-eagal air a’ chaileig dhol a Dhùn Èideann, ach bha an tuathanach seòlta.

“Sgrìobhaidh mise litir dhut an àite na tè seo,” thuirt e, “air chor ’s gun gabh a bhràthair cùram dhìot.”

Seo na sgrìobh e: “Tha mi a’ cur litir thugad, a bhràthair. Tha mi ag earbsa na caileige seo riut agus gabhaidh tu cùram dhi. Is i a’ chaileag **as fheàrr a shuidh air a h-aodach riamh**. Chan eil a leithid eile ann.” Mhìnich e gun robh e ag iarraidh air a bhràthair foghlam a thoirt dhi agus gum biodh e ga pòsadh an ceann bliadhna.

An làrna-mhàireach, dh’fhàg a’ chaileag beannachd aig an tuathanach. Thug i **buidheachas** dha airson a choibhneis agus dh’fhalbh i a Dhùn Èideann. Nuair a ràinig i am baile, chaidh i gu taigh a’ bhràthar. Bha e na dhuine-usal mòr. Nuair a chaidh i a-staigh, shìn i an litir do thè de a nigheanan. Dh’fhalbh an nighean leis an litir gu a h-athair. Leugh e i.

“O,” ars esan, “a-nuas a’ chaileag.” Thugadh a-nuas i, agus an t-aodach a b’ fheàrr a bha a-staigh, chuireadh uimpe e.

Chuireadh don sgoil i. Cha robh i fada innte nuair a bha i a’ toirt beatadh air a h-uile duine eile. Bha i na b’ fheàrr mar sgoilear na nigheanan a’ bhràthar. Chaidh a’ chaileag gu sgoil fhuairheil agus gu sgoil dhannsaidh. Fhuair i fìor dheagh ionnsachadh.

An ceann na bliadhna, thàinig esan – am fear a cheannaich i. Bha e ann an Dùn Èideann airson a dhol gu bàl mòr. Nuair a bha e ann an taigh a bhràthar, dh’fhaighnich e dheth cà’ robh a nigheanan.

“Tha iad aig a’ bhàl,” thuirt e, “iad fhèin agus a’ bhean-usal mhòr a chuir thu fhèin an seo.”

“Dè a’ bhean-usal a bha sin?” ars am fear eile.

“An tè a chuir thu an seo o chionn bliadhna airson sgoil agus ionnsachadh,” ars a bhràthair.

“Ach chuir mi thugad i airson a crochadh!” thuirt am fear eile. “Crochaidh mise a-màireach i.”

Chaidh an dithis bhràithrean don bhàl. Agus cha robh boireannach aig a’ bhàl a bha na bu bhrèagha no b’ fheàrr air dannsadh nan nighean.

Chuir esan brath oirre an làrna-mhàireach. Thàinig i far an robh e.

“Seadh,” ars esan, “tha thu beò fhathast.”

“Tha,” fhreagair i. “Tha mi beò fhathast.”

“A bheil eagal ort,” dh’fhaighnich e, “gun croch mi thu?”

“Innsidh mise do luchd-lagha Dhùn Èideann dè rinn thu orm,” thuirt i ris. “Beiridh iad ort agus cuiridh iad don phrìosan thu. Chan eil bean-uasal ann an Dùn Èideann as fheàrr a fhuair ionnsachadh na mise, agus gabhaidh iad m’ fhacal.”

“Ist! Fuirich sàmhach,” ars esan. “Tha mi ag iarraidh mòran maitheanais ort. Bhithinn nad chomain nam pòsadh tu mi.”

“Tha eagal orm romhad,” ars ise.

“Bheir mi mo mhionnan dhut nach dèan mi càil ort,” ars esan.

Phòs iad, agus bha mòran de dh’uaislean Dhùn Èideann aig a’ bhanais. Cheannaich iad mòran thaighean agus bha glè bheag ann an Dùn Èideann a bha cho beartach riutha.

* * * * *

Faclan na Litreach: seòlta: *cunning*; bàl: *ball (dance)*; banais: *wedding*.

Abairtean na Litreach: An Nighean an Reiceadh: *The Lass who was Sold*; agus an tuathanach a’ leughadh na litreach: *with the farmer reading the letter*; bràthair an duine a cheannaich i: *the brother of the man who [had] bought her*; gum faigheadh i oideachadh sgoile: *that she would get an education*; on a dh’fhàilnich ormsa cur às don chaileig seo: *since I failed to kill this girl*; croch i: *hang her*; an àite na tè seo: *in place of this one*; air chor ’s gun gabh a bhràthair cùram dhìot: *so that his brother will look after you*; ag earbsa na caileige seo riut: *entrusting this lass to you*; chan eil a leithid eile ann: *there are no others like her*; ga pòsadh an ceann bliadhna: *marrying her in a year’s time*; shìn i an litir do thè de a nigheanan: *she handed the letter to one of the daughters*; a-nuas a’ chaileag: *bring the girl here [lit. down the girl]*; an t-aodach a b’ fheàrr, chuireadh uimpe e: *the best clothes, it was put on her*; chuireadh don sgoil i: *she was sent to school*; a’ toirt beatadh air X: *surpassing X*; sgoil fhuaiheil: *a needlework school*; chuir mi thugad i airson a crochadh: *I sent her to you for hanging*; innsidh mise do luchd-lagha Dhùn Èideann dè rinn thu orm: *I’ll tell the lawyers of Edinburgh what you did to me*; beiridh iad ort: *they’ll take you into custody*; gabhaidh iad m’ fhacal: *they’ll take my word*; fuirich sàmhach: *keep quiet*; tha mi ag iarraidh mòran maitheanais ort: *I’m asking you to forgive me*; bhithinn nad chomain nam pòsadh tu mi: *I’d be obliged if you’d marry me*; tha eagal orm romhad: *I’m scared of you*; bheir mi mo mhionnan dhut nach dèan mi càil ort: *I give you my oath I’ll never harm you*.

Puing-chànain na Litreach: Thug i **buidheachas** dha airson a choibhneis: *she thanked him for his kindness. I’d like to make a little plea this week for you to ensure the preservation of the wonderful word buidheachas in our language. You’ll still hear it used in phrases like “thug e buidheachas dha” (he thanked him), buidheachas do Dhia” (thanks be to God) and “buidheachas dhut a Dhè, ar n-Athair” (thanks be to you God, our Father). I can’t be sure if secularism or simple linguistic fashion is responsible, but it does seem to be much less used today by young Gaelic speakers (being replaced by “taing”). Here’s a way to encourage its use: If you’re writing Gaelic e-mails and want to say “many thanks”, why not write “taing is buidheachas”? It’s too nice a word to lose!*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Is i a’ chaileag as fheàrr a shuidh air a h-aodach riamh: *she is the best lass that ever sat on her clothes ie she’s brilliant, wonderful!*

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

